

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Co-chomhairle Maoineachaidh Ro-Innleachdail**  
**Strategic Funding Consultation**  
**Foirm-freagairt / Response Form**

**A. Mu do dheidhinn / About you**

A1	D' ainm / Your name	Dòmhnull MacNèill
A3	Ainm na buidhne (ma tha sibh freagairt às leth buidheann) / Organisation name (if responding on behalf of an organisation)	Comunn na Gàidhlig

**B. Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh / Delivery Partners**

B1	<p><b>A bheil thu den bheachd gu bheil an lìonra chom-pàirtichean lìbhrigidh a th' ann an-dràsta èifeachdach agus a' toirt seachad luach an airgid ann a bhith a'libhrigeadh amasan Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig?</b></p> <p>Do you believe that the current network of delivery partners is effective and provides value for money in their delivery of Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan objectives?</p>
----	---

Tha sinn dha rìreabh ag aontachadh gum bheil an lìonra, mar a th'air a mhìneachadh anns am pàipear co-chomhairle (td 2/3) "èifeachdad agus a' toirt seachad luach an airgid". Tha na buidhnean a th'air an ainmeachadh an sin mìon-eòlach air an obair anns na diofar roinnean is coimhearsnachdan anns am bheil iad an sàs. Tha luach mhòr anns an eòlas, an dealas agus am fòcas a tha sin dha leasachadh na Gàidhlig. Chan eil buidheann sam bith aca an sàs anns an iomairt air adbharan fuadan, coimearsalta a-mhàin.

Ma bheirear sùil nas fharsuinge air an lìonradh a tha seo thar na bliadhna, chìtheart gum bheil atharrachean air a bhith ann – tha buidhnean air a dhol a-mach a bith a bhitheadh air uaireigin; agus tha feadhainn ùra air nochdad. Tha seo a' dearbhadh gum bheil an raon-leasachaidh ag obair mar bu chòir – gum bheil buidhnean nach eil èifeachdad a' dol a bith; agus bhon taobh eile, gum bheil neart, feum is èifeachdas anns na buidhnean a leanas.

A dh'aindeoin siud a radha ged tha, tha sinn a' faicinn gur dòcha gum faodadh buannachdan a bhith ann bho bhith a' coimhead ris an lìonradh a tha seo tro shùilean ro-ìnnleachdail, is gu h-àraid tro shùilean 'leasachadh na Gàidhlig'. Tha diofar meudan anns na buidhnean seo, ach tha iad uile a' giùlain na h-aon chosgaisean corporra, agus tha iad uile an ìre mhath "beag" an taca ris an saoghal mun cuairt. Mathaid gum bitheadh buannachdan – barrachd èifeachdas; barrachd luach an airgid; barrachd gnìomh, neart agus seasmhachd anns an siostam – bho bhith a' coimhead ris an structar a tha seo anns an fharsuingeachd faic am bitheadh buannachdan ann cui'd a bhuidhnean a thoirt còmhla.

**B2**

**A bheil thu den bheachd gu bheil taic ri fhaotainn bhon a' Bhòrd gus taic a chumail ris a' bhuidheann agaibh a bhith ag obair ann an com-pàirt le buidhnean eile, agus mur eil dè an taic a bhiodh thu smaoineachadh a bhiodh freagarrach?**

Do you believe that support is available from the Bòrd to support your organisation to work in partnership with other organisations, and if not what support do you believe would be appropriate?

Tha sinn dhan bheachd gun robh an cothrom a tha seo ann a-riamh; nan robh CnaG air smaoineachadh air pròiseact neo iomairt a choreigin gun robh cothrom air a bhith againn a dhol a bhruiddhinn ri buidhnean eile airson a thoirt gu buil.

Ged tha, le bhith a' stèidheachadh maoin shònraichte chruthaich Bòrd na Gàidhlig suidheachadh far an robh adhbhar againn coimhead ri seo às ùr agus a dh'aona gnothach.

Bho thaobh CnaG dheth, ri linn am maoin compàirteachaidh a bhith ann, tha sinn air a dhol an sàs ann an compàirteachas nas dlùithe le Fèisean nan Gàidheal.

Nan leanadh am maoin, is nan robh fios againn gun robh e gu bhith ann thar grunnan bhliadhna, bhitheadh cothrom againn coimhead ri cothroman is pròiseactan le buidhnean eile. Bhitheadh e feumail nam b'urrainnear am fios a tha sin a thoirt seachad – gur e maoin leantainneach a bhitheadh ann – fiùs ged a bitheadh siud airson àireamh stèidhichte de bhliadhna.

Tha sinn mothachail gum bheil am maoin GLAIF agaibh a' toirt an cothrom a tha seo dhuinn cuideachd – a bhith ag obair ann an compàirteachas le na h-Ughdarrasan Ionadail airson oifigearan a stèidheachadh ann an diofar sgìrean air feadh Alba. Bhitheadh sinn gu mòr airson 's gun leanadh am maoin a tha seo, is na cothroman a tha e a' toirt dhuinn.

**B3**

**A bheil thu den bheachd gu bheil taic ri fhaotainn bhon a' Bhòrd airson taic a chumail ris a' bhuidheann agaibh a thaobh goireasan is trèanadh a thaobh conaltradh is teicneòlas fiosrachaидh, agus mur eil de an taic a bhiodh thu smaoineachadh a bhiodh freagarrach?**

Do you believe that support is available from the Bòrd to support your organisation with resources and training in terms of communication and ICT, and if not what support do you believe would be appropriate?

Chan aithne dhuinne gum bheil taic shònraichte ri fhaighinn mu choinneamh na cuspairean seo, ach air an làimh eile tha fios againn gum faod oifigearan a Bhùird a bhith caran sùbailte mu na h-adhbharan air an toirear seachad taic airgid.

Anns an là a th'ann, tha saoghal teicneòlas a' gluasad cho luath – ge bith am bheilear a' coimhead ri compiutaran is eile, siotaman oifis, neo mar a dh'èirich na meadhanan-sòisealta gu bhith cho cudromach. Mur a bheil e mar phàirt-bhunaiteach den obair làitheil, tha e gu math duilich do bhuidhnean bheaga le buidseadan teann (mar a mhòr chuid den fheadhainn anns an lionradh libhrigidh) cumail suas ris a h-uile càil a tha seo ann an dòigh èifeachdach. Tha cunnart ann gum faodar – le goireasan teann, agus fòcas air an obair làitheil – ligeil le cothroman an luib teicneòlas ùr a dhol seachad orra, dìreach le aineolas is cion tuigse. Air an làimh eile tha e coltach nach bitheadh obair gu leòr aig na buidhnean seo airson dreuchdan fa-leth.

Dh'fhaodadh gum bitheadh e feumail nan robh e an comas dhan Bhòrd taic a thabhall air na cuspairean seo, nuair a bhitheadh e leithid a dhìth? Ge bith am bitheadh neach-obrach ann a dhèanadh seo, neo cuideigin/buidheann air chùmhñant?

B4

**A bheil thu den bheachd gu bheil an cothromachadh maoineachaidh a th' ann an-dràsta eadar compàirtichean lìbhrigidh, sgeamaichean maoineachaidh agus pròiseactan a gheibh taic bho Bòrd na Gàidhlig a' lìbhrigeadh priomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus a' dèildeadh ri feumalachdan na coimhlearsnachd Ghàidhlig?**

Do you believe that the current balance of funding between delivery partners, funding schemes and Bòrd na Gàidhlig supported projects adequately deliver the priorities of the National Gaelic Language Plan and address the needs of the Gaelic community?

Nar beachd-sa tha ceist nas cudromaiche ann seach: "A bheil an cothromachadh maoineachaidh ..... a' lìbhrigeadh priomhachasan a Phlana Nàiseanta Gàidhlig..." agus 'se sin am bheil am buidsead slàn freagarrach airson na h-amasan a th'anns am Plana a choileanadh.

Tha CnaG làidir dhan bheachd nach eil Bòrd na Gàidhlig (agus le sin obair leasachaidh na Gàidhlig) a' faighinn maoineachadh gu leòr. Tha sinn air a bheachd a tha seo a thogail leis an Riaghaltas cheana.

Nuair a bhathar a' meòrachadh air Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh an toiseach, rinn dà bhuidheann sgrùdaidh moladh gum bu chòir stòras £10M sa bhliadhna a thoirt dhan Bhòrd. Bha seo am measg na co-dhùnaidhean anns na paipearan a sgriobh Mghr. JA Mac a' Phearsainn (2000), agus an t-Oll. Dòmhnull Meek (2002).

Tha e ciallach gu leòr, nuair a stèidhichear am Bòrd an toiseach eadar 2005-7 gun robh buidsead na bu lugha air a thoirt seachad sa chiad dol a-mach, ach 's gann 's gun robh am Bòrd air stèidh cheart mun àm a nochd an 'staing ionmhais' ann an 2008/9. Bhon uairsin tha maoineachadh a Bhùird air a bhith "stèidhichte" aig iùre £5.2-5.3M. Ann am beachd ChnaG, ma bha £10M iomchaidh ann an dùilean nan eòlaichean a sgriobh na h-aithrisean ann an 2000 agus 2002, tha e dha rìreabh iomchaidh an diugh. Bu chòir cuimhneachadh cuideachd, le bhith a' cunntas luach an airgid, is iùre na h-atmhorachd thar na bliadhnan gum bitheadh £10M ann an 2000 a-nis suas ri £16M.

Tha làn fhios againn gum bith cuid den bheachd gur e beachd sìmplidh, faoin a tha seo, ach mur a togar a cheist chan fhaighear an t-airgead gu bràth.

Tha e ceart agus iomchaidh a bhith a' coimhead, mar a tha sibh, ri ciamar a tha am maoineachadh air a roinn is air a chosg a rèir ro-innleachd agus èifeachdas ach cha bu chòir dhuinn a' cheist chudromach seo a sheachnad: am bheil an suim iomlan faisg mòr gu leòr airson an dùbhlann a tha romhainn?

Le airgead a bharrachd bhitheadh e comasach do Bhòrd na Gàidhlig fhèin adhartas a dhèanamh, agus bhitheadh e comasach dha na diofar buidhnean-leasachaidh a tha ag obair sa chànan an tuilleadh a dheànamh mu choinneamh na priomhachasan nàiseanta.

Le sin, 'se cho beag 's a tha am buidsead iomlan am beachd às làidire againne, ach a' tionndadh chun cheist fhèin, mu ciamar a thathas ga chothromachadh feumar dha rìreabh sùil gheur a thoirt air gach gnìomh faic am bheil e deànamh feum gu leòr dhan Ghàidhlig: bhitheadh seo fior thairis air gach sgeama maoineachaidh. A rèir an slat-tomhais ud, nan tachradh e gun robh oifigearan a Bhùird a' faireachdain nach robh tagraighean làidir gu leòr mun coinneamh, bho ge bith dè an maoin, cha bu chòir gabhail riutha dìreach airson am maoin a chosg; bu chòir sùbalteachd a bhith agaibh tagraighean lag a dhìultadh agus an storas a ghluasad gu sruth-airgid eile far an robh barrachd feum neo luach.

B5

**A bheil molaidhean sam bith agaibh a bhiodh leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig cumail taic ri bhuidhnean a tha lìbhrigeadh pròiseactan Gàidhlig?**

Do you have any proposals that could improve the way Bòrd na Gàidhlig supports organisations that deliver Gaelic projects?

Anns an fharsuingeachd tha sinn an ìre mhath riaraichte leis an taic a tha sinn a' faighinn. Tha na h-oifigearan taiceil is fosgailte ri cheistean agus deònach comhairle is cuideachadh a thoirt seachad. Far am feum sinn fiosrachadh a thoirt seachad mu choinneamh am maoineachadh agus na pròiseactan tha sin a' leantainn ris a chlàr-àma aontaichte agus thèid ar pàigheadh an ìre mhath sgiobalta às deidh sin.

Far am bitheadh 'eas-aonta' neo mi-thoileachas anns an co-obrachadh seo tha sinn dhan bheachd gum bheil sin stèidhichte air an suidheachadh ionmhas - mar a thuirt sinn gu h-àrd, tha sinn làidir dhan bheachd gum bheil stòras maoin leasachaидh na Gàidhlig ro bheag.

Thar nam bliadhna chan, tha sin air ar toirt gu suidheachadh far am bheil sinne rudeigin leisg a bhith ag iarraidh taic mu choinneamh dreuchdan 'stiùiridh' neo rianachd, seach dreuchdan leasachaидh. Tha sinn a' faireachdain nach bitheadh cus failte air a leithid – gum bheil e nas 'tarrangache' dhuinne a bhith a' tagradh airson dreuchdan leasachaидh, seach dreuchdan 'air cùl gnothach' – ach chan e suidheachadh seasmhach a tha seo san ùine fada.

Mu choinneamh a' cheist seo feumaidh sinn cuideachd ainmeachadh ( agus failte thoirt ) air an gluasad gu maoineachadh trì bliadhna ann am prionnsapal thoirt seachad. 'Se rud a tha seo a tha an ìre mhath cumanta is àbhaisteach, agus bha e feumail nuair a thòisich Bòrd na Gàidhlig air an ràmh seo. Tha sinn dhan bheachd gum bheil seo a' cumail taic ris an obair againn ann an grunnan diofar dhòighean agus cha bheag nam measg am misneachd a bheir seo dhan sgioba leasachaидh. Mholadh sinn gu mòr gun leanadh sibh leis an modh-obrach a tha seo.

Mu dheireadh tha sibh air innse cho cudromach 's a tha e gun gabh an obair a lìbhrigeadh agus gun gabh builean a thomhas. Tha sin cho ceart sa ghabhas, ach airson raon-òigrídh anns am bheil CnaG an sàs, tha e duilich uaireannan gniomh a mheas an aghaidh na ceistean càileachd a dh'ainmich sibh:

- a bheil am pròiseact seo air do bhrosnachadh gu bhith a' cleachdad na Gàidhlig nas trice;
- A bheil am pròiseact seo air do sgilean Gàidhlig a leasachadh;
- A bheil am pròiseact seo air toirt ort creidsinn nas làidire gum bheil Gàidhlig cudromach do dh'Alba

Gu dearbha dh'fhaodadh a radha gur e slàtan-tomhais gu math 'inbheach' a tha seo a bhitheadh duilich do chlann a fhreagairt – feadhainn aca cho òg ri 7 no 8. Fiùs do dheugairean a sreap ri 16 bhitheadh ceist ann dè cho comasach 's a bhitheadh iadsan air beachdachadh air na ceistean seo. Nan sireadh sinn beachd bho na h-inbhich a tha ceangailte riutha – pàrantan, tidsearan – tha cunnart ann gum bheil iadsan ceum air falbh bhon òigrídh fhèin is a' coimhead air cùisean le sùil eadar-dhealaichte.

Chuireadh sinn failte air cothrom eile a dhol an sàs còmhla ribh air slàtan tomhais na bu freagarraiche do dh'obair òigrídh – na bu fhreagarraiche anns an t-seadh gum bitheadh iad a' freagairt air òigrídh; gum bitheadh iad furasta a chlàradh anns na suidheachadhan sam bheil an sgioba-obrach againn an sàs; agus a thaobh a bhith a' cumail fiosrachadh earbsach dhuinn uile a thaobh buaidh.

## C. Sgeamaichean taic-airgid / Funding schemes

C1

**A bheil thu den bheachd gu bheil na sgeamaichean maoineachaidh aig Bòrd na Gàidhlig an-dràsta a' dèiligeadh gu h-iomchaidh ri priomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus na coimhearsnachd Gàidhlig, agus mura h-eil, dè na h-atharrachaidhean a bhiodh tu a' moladh gus an leasachadh?**

Do you believe that Bòrd na Gàidhlig's current funding schemes adequately address the priorities of the National Gaelic Language Plan and the Gaelic community, and if not what changes would you propose to improve them?

Tha e doirbh dhuinne beachd a thoirt seachad air a' cheist seo bhon 'taobh a-muigh'. Ged a tha sinn a' faicinn farsuingeachd na sgeumaichean agus na h-amasan aca chan eil e cho soillear sin dhuinn dè, dìreach na pròiseactan a tha a' faighinn taic.

Mar a thuirt sinn gu h-àrd, is mar a tha sibhse fhèin a radha, 'se tha cudromach gum bheilear dha rìreabh a' measadh na h-iarrtasan bho na sgeamaichean seo a rèir slatan-tomhais a Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus na priomhachasan a tha a' sruthadh às a sin. A-rithist, nan tachradh e gun robh tagraighean air 'ur beulaibh nach robh cho làidir, cha bu chòir ìmpidh sam bith a bhith oirbh an aontachadh a dh'aona-gnothach airson am maoin a chosg; ach gum bitheadh sùbailteachd agaibh airgead a għluasad gu àitean far am bitheadh e gu barrachd feum a rèir na priomhachasan agaibh.

C2

**A bheil sgeamaichean maoineachaidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt cothrom gu leòr dhut fhèin no don bhuidheann agad taic a thoirt do na h-amasan agad ann an leasachadh na Gàidhlig? Mura h-eil, ciamar a mholadh tu dèiligeadh ri seo?**

Do Bòrd na Gàidhlig's current funding schemes provide you or your organisation sufficient opportunity to support your goals in Gaelic development? If not, how would you propose addressing this?

Bhon taobh againne – mar aon de na prìomh buidheanan leasachaidh – chan eil sinn a' crochadh air na sgeamaichean seo airson ar n'obair a chumail a' dol le sin dhan eil freagairt susbainteach againn dhan cheist seo.

C3

**A bheil thu ag aontachadh ris na prionnsapalan maoineachaidh agus a bheil dad sam bith eile a bhiodh tu a' moladh gus an leasachadh?**

Do you agree with the funding principles and is there anything else you would recommend to improve them?

Tha na prionnsapalan agaibh ceart agus cothromach, is coltas orra gum bheil iad a' toirt cothrom do dhiofar seòrsa buidheann taic fhaighinn; ach a' fàgail sùbailteachd agaibhse cuideachd a dhol an sàs ann am prìomhachasan eile a dh'èireadh bho àm gu àm.

A-rithist, bhon taobh a-muigh, tha e rudeigin duilich beachdachadh air molaidhean-leasachaidh sam bith air sàilleabh nach eil sinn a' faicinn ciamar, dìreach a tha co-dhùnaidhean gan gabhail mu choinneamh tagraighean is pròiseactan.

Le sin a radha 's dòcha gum bheil na prionnsapalan dìreach ro fharsuinge? Am bitheadh e na bhuanachd dhuibhse, ann a bhith a' ruith na sgeamachan; a' measadh na h-iarrtasan; agus a' dearbhadh gum bheil an airgead ga chosg mo choinneamh na prìomhachasan agaibh – nan robh teannachadh a choreigin ann? Ged tha, dh'haodadh gum bheil seo ann is ri fhaicinn anns na diofar foirmean tagraigheach nach eil e air a mhíneachadh ann an geàrr-iomradh a phàipear co-chomhairleachaidh.

C4

**A bheil molaidhean sam bith eile agaibh a bhiodh leasachadh sgeamaichean maoineachaidh Bòrd na Gàidhlig?**

Do you have any other proposals to enhance Bòrd na Gàidhlig's funding schemes?

#### D. San fharsaingeachd / General

D

**A bheil molaidhean sam bith eile agaibh a bhiodh leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh am buidseat leasachaidh aige?**

Do you have any other proposals that could improve how Bòrd na Gàidhlig uses its development budget?